

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

C

Total

1220/403

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2009

DIHAOINE, 29 CÈITEAN
10.50 AM – 11.30 AM

GÀIDHLIG
An Ìre Choitcheann
Sàr Ìre
Leughadh

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal

Làn ainm na sgoile no na colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Là breith

Là Mios Bliadhna

Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Leugh gach earrann gu faiceallach agus freagair na ceistean air an earrainn sin.

Feuch ri na ceistean gu lèir a fhreagairt.

Sgrìobh freagairt anns a' bheàrn.

Mus fàg thu seòmair na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.

Tha Earrann A agus ceistean air duilleagan 2, 3 agus 4.

Tha Earrann B agus ceistean air duilleagan 5, 6 agus 7.



EARRANN A

Tha e air a bhith na adhbhar misneachd a thaobh suidheachadh na Gàidhlig o chionn ghreis, mar a tha litreachas na Gàidhlig air a dhol am meud. Tha fada a bharrachd leabhraichean, is nobhailean gu h-àraid, ann an clò an-diugh. Leugh mi fhìn nobhail Gàidhlig an-uiridh agus, ag innse na firinn, cha robh mi airson a chur sìos. Bha e a cheart cho sgileil ri rud sam bith a leugh mi ann am Beurla. Anns na seann làithean, leughainn leabhraichean ann an Gàidhlig a dh'aon ghnòthach airson Gàidhlig a bhrosnachadh. Do dh'inbhich, tha cuspairean inntinneach anns na leabhraichean, agus tha na h-uiread ann do dheugairean a-nise a tha a' dèiligeadh ri duilgheadasan an latha an-diugh – gaol is burraidheachd, deoch làidir is drogaichean. Tha coltas math air na leabhraichean seo cuideachd le còmhdaichean ceart orra a tha cho tarraingeach is cho gleansach ri rud sam bith eile a gheibh thu ann am bùth leabhraichean. Tha adhartasan ann an teicneòlas a' ciallachadh gu bheil cuid de na nobhailean a-nise a' tighinn a-mach air CD is na h-ùghdair fhèin gan leughadh.

Tha luchd na Gàidhlig air gàirdeachas a dhèanamh gu bheil piseach air tighinn air an t-suidheachadh a thaobh rosg agus leabhraichean, ach gu mì-fhortanach, chan eil bàrdachd ùr idir cho pailt. Tha na nobhailean air a bhith a' tighinn a-mach ann an sruth, ach chan eil na bàird idir cho deònach an cuid smuaintean a chur air pàipear.

Tha na buidhnean Gàidhlig air a bhith tuilleadh is deònach leasachadh a dhèanamh air a' chùis bho chionn bliadhna no dhà. Tha iad air a bhith glè èasgaidh farpaisean a chur air bhog airson bàrdachd a bhrosnachadh am measg nan Gàidheal a-rithist. Saoil a bheil Uilleam Ros no Màiri Mhòr eile a-muigh an sin nach do chuir peann ri pàipear fhathast? Gu dearbh, chan eil na duaisean a thathar a' toirt seachad anns na farpaisean seo suarach idir – cò nach dèanadh feum de dhà mhìle not, cluicheadair MP3 no coimpiutair-uchd anns na làithean a th' ann?

CEISTEAN

1. Dè tha a' sealltainn gu bheil litreachas na Gàidhlig air a dhol am meud?

2

2. (a) Dè beachd an sgrìobhadair air an leabhar a leugh e an-uiridh?

3

(b) Carson a chleachd e a bhith a' leughadh leabhraichean Gàidhlig?

2

3. Dè na cuspairean sònraichte a tha a' nochdadh tric ann an litreachas do dheugairean?

2

4. Minich mar a tha na leabhraichean seo cho math ri leabhar sam bith eile a gheibh thu anns na bùthan.

3

5. Ciamar a tha buaidh air a bhith aig teicneòlas air litreachas?

1

[Tha ceistean 6, 7, 8, 9, agus 10 air duilleag a ceithir]

Comharraidhean

6. (a) Dè tha an sgrìobhadair ag ràdh mu bhàrdachd ùr?

1

(b) Seall mar a tha an suidheachadh eadar rosg agus bàrdachd air a bhith eadar-dhealaichte.

3

7. Dè na farpaisean anns a bheil na buidhnean Gàidhlig air a bhith an sàs bho chionn ghoirid?

2

8. Cò na seann bhàird a tha air an ainmeachadh anns an earrainn?

2

9. Tagh facal às an earrainn a tha a' ciallachadh an aon rud ri 'spìocach'.

1

10. Ainmich trì duaisean a chaidh a thoirt seachad anns na farpaisean.

3

(25)

[Tionndaidh an duilleag airson Earrann B

EARRANN B

Chanadh cuid gu bheil litreachas cànanain an ire mhath cho cudromach ris a' chànan fhèin. Tha e a' dearbhadh gu bheil an cultar da-rìribh beò. Chaidh iomadh pìos bàrdachd a sgrìobhadh ann an Gàidhlig tro na linntean oir bha bàrdachd a' tighinn na bu nàdarraiche dha na Gàidheil na dòigh-ealain eile. 'S e an t-iongnadh nach eil iad cho deònach a-nise dàin a chur ri chèile. Chaidh eachdraidh na Gàidhlig is nan Gàidheal a shealltainn dhuinn ann am bàrdachd. 'S ann tro bhàrdachd Ghàidhlig a chuala sinn mu chogaidhean mòra an t-saoghail is mu ùpraid nam fuadaichean an toiseach. Tha fianais gu leòr againn ann am bàrdachd Ghàidhlig air na thachair aig na h-amannan sònraichte ud nar n-eachdraidh.

Saoil cò na cuspairean a bhios aig bàird an là an-diugh? Am bi iad a-mach air Gàidhlig air an eadar-lìon? 'S dòcha gum bi iad a' gearain mu phrìs a' pheatroil air a' Ghàidhealtachd? Am bi rannan ann air na muilnean-gaoithe a' dol timcheall air mòintichean nan eilean? Cò aig a tha fios nach bi blàthachadh na cruinne mar chuspair gu math cudromach no 's dòcha gum bi òrain-brosnachaidh ann do sgioba ball-coise na h-Alba. Cha chreid mi nach bi briseadh-cridhe fhathast a' cur dragh air cuid mar a bha air Uilleam Ros còir bho chionn bhliadhnaichean.

Bho chionn 400 bliadhna, bhiodh bàrd a' sgrìobhadh òrain gus beò-shlàint a dhèanamh dha fhèin. Bhiodh e ri òran-molaidh agus nam biodh e airson pàigheadh fhaighinn, bhiodh aige ri iomradh a thoirt air cho brèagha 's a bha cuideigin, cho fialaidh 's a bha e no cho math 's a bha e air sabaid. An-diugh, chan eil gnothaichean buileach mar a bha iad agus bhiodh e doirbh do bhàrd a bheò-shlàint gu lèir a dhèanamh à bàrdachd. Ach, cha dhiùltadh e mìle not no *i-Pod*. Tha fhios gum biodh Màiri Mhòr nan Òran air na h-òrain mhòra aice fhèin mu strì nan croitearan a chur air an *i-Pod* aice nam biodh i air fear a ghleidheadh ann am farpais!

CEISTEAN

1. Dè bhiodh cuid de dhaoine ag ràdh mu litreachas cànanain?

4

2. Carson a chaidh iomadh pìos bàrdachd a sgrìobhadh le na Gàidheil tro na linntean?

2

3. Dè an t-iongnadh a tha air an sgrìobhadair?

2

4. Dè na h-amannan sònraichte ann an eachdraidh nan Gàidheal a chaidh a mhìneachadh dhuinn ann am bàrdachd?

2

5. Tagh facal às an earrainn a tha a' sealltainn gu bheil dearbhadh againn mu na thachair aig an àm.

1

[Tha ceistean 6, 7, 8, 9, agus 10 air duilleag a seachd

6. Ainmich ceithir cuspairean a dh'fhaodadh a bhith aig bàird an-diugh.

4

7. Carson a bhiodh bàrd a' sgrìobhadh òrain anns na seann-làithean?

1

8. (a) Dè seòrsa òrain a bhiodh na bàird a sgrìobhadh bho chionn 400 bliadhna?

1

(b) Dè bhiodh aca ri ainmeachadh anns an dàn airson pàigheadh fhaighinn?

3

9. Carson a tha gnothaichean air atharrachadh bhon àm ud?

3

10. A rèir an sgrìobhadair, dè chuireadh Màiri Mhòr nan Òran air *i-Pod* nam biodh i air fear a bhuannachadh?

2

(25)

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[50]

[DUILLEAG FHALAMH]

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

C

--

Total Mark

1220/408

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2009

DIHAOINE, 29 CÈITEAN
3.45 PM – 4.15 PM

GÀIDHLIG
An Ìre Choitcheann
Sàr Ìre
Èisteachd (Ceistean)

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal

Làn ainm na sgoile no na colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm(ean)

--

Sloinneadh

--

Là breith

Là Mìos Bliadhna

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Àireamh an oileanaich

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Àireamh an t-suidheachain

--

Tha dà earrann anns an deuchainn.

Tha an dà earrann air an toirt às an aon iomradh.

Cluinnidh tu gach earrann dà thuras.

An dèidh dhut an earrann a chluinntinn an dara turas, freagair na ceistean air an earrainn sin.

Faodaidh tu notaichean a dhèanamh fhad 's a tha thu a' cluinntinn nan earrann.

Sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

Mus fàg thu seòmair na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.



CEISTEAN

Pàirt 1

1. Dè tha ann an *An dèidh dhomh an sgoil fhàgail?*

2

2. Cò às a tha Seonag?

2

3. (a) Dè an ùine bho dh'fhàg Seonag an sgoil?

1

(b) Ciamar a bha i a' faireachdainn mun sgoil?

2

(c) Ciamar a chaidh dhi san sgoil?

1

4. (a) Dè bha i am beachd a dhèanamh an dèidh dhi an sgoil fhàgail?

2

(b) Carson a dh'atharraich i a h-inntinn?

2

5. (a) Dè an co-dhùnadh chun tàinig i?

3

(b) Carson nach bitheadh seo furasta dhi?

2

6. Ciamar a bha a pàrantan a' faireachdainn mun sin?

1

7. Dè an dòigh san robh i fortanach?

2

8. (a) Cuin a dh'fhalbh i?

1

(b) Dè bha a co-aoisean a' dèanamh aig an àm sin?

1

(c) Dè tha air a ràdh mun dùthaich dhan deach i?

2

(24)

[Tionndaidh an duilleag

CEISTEAN

Pàirt 2

1. (a) Dè **bha** na nigheanan dol a dhèanamh?

2

(b) Dè **nach robh** na nigheanan dol a dhèanamh?

2

2. (a) Dè cho fada 's a bha iad ann an Astràilia?

1

(b) Carson nach robh iad airson Astràilia fhàgail?

3

3. Dè b' urrainn dhaibh a dhèanamh leis an airgead a choisinn iad?

2

4. (a) Dè na trì àiteachan a tha Seonag ag ainmeachadh?

3

(b) Carson nach eil i ag innse barrachd mu na thachair sna h-àiteachan seo?

1

5. (a) Innis a' bhuidh a bha aig an t-saoghal sin air a beachdan.

3

(b) Dè na trì nithean a thuig i a tha air leth cudromach dhi fhèin?

3

(c) Dè a' bhuidh a bha aig an ùine thall thairis oirre?

3

6. Dè tha Seonag an dùil a dhèanamh a-nis?

3

(26)

[50]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

1220/409

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2009

DIHAOINE, 29 CÈITEAN
3.45 PM – 4.15 PM

GÀIDHLIG
An Ìre Choitcheann
Sàr Ìre
Èisteachd (Earrann)

Chan fhaod oileanach sam bith am pàipear seo fhaicinn.

This paper must not be seen by any candidate.

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



Passage A should be read twice, with an interval of 2 minutes between each reading, to allow candidates to study the questions.

(The passage should be read in approximately 2 minutes.)

EARRANN

'S e feasgar Diluain a tha ann 's tha luchd-eisteachd *Rèidio nan Gàidheal* a' cluinntinn seo:

Pàirt 1

Tha e leth-uair an dèidh seachd agus tha sreath ùr de phrògraman goirid air a bheil an t-ainm *An dèidh dhomh an sgoil fhàgail* a' tòiseachadh an-dràsta. Anns a' chiad phrògram a-nochd, cluinnidh sibh sgeulachd Sheonaig NicRisnidh.

Halò. 'S mise Seonag NicRisnidh agus 's ann à fìor iar-thuath na h-Alba a tha mi. Tha mi ochd deug agus tha beagan 's bliadhna air a dhol seachad a-nis on a dh'fhàg mi an sgoil. Ged a chòrd an sgoil rium glan, bha mi glè thoilichte ga fhàgail. Bha còig àrd-ìrean agam a dh'fhosgladh iomadh doras dhomh ann am foghlam àrd-ìre. Bha mi air a bhith a' beachdachadh air a dhol a dh'Oilthigh Ghlaschu gus dotaireachd a thoirt a-mach ach, nuair a thàinig an t-àm, cha robh mi idir cinnteach gur e an roghainn cheart a bhitheadh ann a seo.

Chuir mi romham bliadhna a chur seachad a' siubhal air feadh an t-saoghail mus deighinn dhan oilthigh. Cha robh seo gu bhith furasta oir cha robh ach glè bheag de dh'airgead agam sa bhanca. Cha robh mo phàrantan air a shon idir. Thubhairt iad rium nach toireadh iad sgillinn ruadh dhomh airson an turais ged a bha iad air cnap math airgid a shàbhaladh gus mo chur tron oilthigh. A' coimhead air ais, cha b' e droch rud a bha seo ged a bha e cruaidh orm aig an àm.

Bha mi fortanach nach robh mi gu bhith nam aonar oir bha mo dheagh charaid, Sìne NicIain, air a h-inntinn a dhèanamh suas fada romham gun robh i fhèin gu bhith a' siubhal an t-saoghail an dèidh dhi an sgoil fhàgail.

Mar sin, aig toiseach an fhoghair nuair a bha tòrr de mo cho-aoisean air tòiseachadh foghlam àrd ìre ann am bailtean mòra na h-Alba, bha mi fhèin 's Sìne air itealan a bha gar toirt cho fada bho Alba 's a gheibhear – gu Astràilia.

After the second reading of Passage A, wait for 5 minutes, and then read Passage B.

Passage B should be read twice, with an interval of 2 minutes between each reading, to allow candidates to study the questions.

(The passage should be read in approximately 2½ minutes.)

Pàirt 2

Tha Seonag NicRisnidh a' cumail oirre.

Bhon toiseach, bha mi fhèin 's Sìne air a chur far comhair gun tadhladh sinn air co-dhiù fichead dùthaich tron bhliadhna a bhitheadh sinn air falbh 's nach fhuiricheadh sinn ann an dùthaich sam bith ach mìos aig a' char a b' fhaide. Ach, mar a thachair, chòrd Astràilia rinn cho math. Cha b' fhada gus an robh sia mìosan air a dhol seachad! Bha sinn air obair-fhrithéalaidh a bha a' còrdadh rinn fhaighinn ann an taighean-òsta. Bha sinn a' faighinn pàigheadh math. Bha sinn air iomadh caraid a dhèanamh. Mar sin, bha e glè dhoirbh dhuinn cùl a chur ris an dùthaich.

Ach, bha sinn air airgead gu leòr a dhèanamh a chumadh a' siubhal sinn airson greis mhath eile! Agus, 's e sin dìreach a rinn sinn! Chuir sinn seachad ceithir mìosan a' siubhal tro Àisia 's na h-Innseachan mus deach sinn a-null gu Ameireagaidh a Tuath airson dà mhìos. 'S iomadh sgeulachd a tha againn ri innse ach cha cheadaich an tìde dhomh an-dràsta.

Mus crìochnaich mi, bu toil leam innse dhuibh mar a dh'atharraicheadh mo bheachdan tron bhliadhna shònraichte seo. 'S e a' chiad rud gun deach mo shùilean fhosgladh gu saoghal ioma-chultarach 's ioma-chànanach a tha fada, fada nas motha na Alba. Ach, dh'ionnsaich mi cuideachd cho cudromach 's a tha mo theaghlach, mo dhachaigh 's mo dhualchas fhèin dhomh 's an cianalas gu tric gam bhualadh fhad 's a bha mi ann an tìrean cèine. Saoilidh mi fhèin gu bheil mi air fàs suas barrachd ann am bliadhna na bhithinn ann an deich aig an taigh.

Tha fhios agam nach eil a leithid seo de bhliadhna freagarrach dhan a h-uile neach ach tha mi fhèin a-nis a' faireachdainn gu bheil mi deiseil gus tilleadh gu foghlam làn-ùine. Tha mi an dùil a bhith ann an Obar Dheathain ann am mìos eile 's mi a' tòiseachadh air ceum ann an Lagh 's Gàidhlig.

Nise, 's fheàrr dhomh falbh agus cantainn ri mo phàrantan gu bheil an t-àm ann a-nis an t-airgead sin a thoirt seachad!

[CRÌOCH NAN EARRANN]

[DUILLEAG FHALAMH]